

Rapaichean is orain

Feuch an rap seo – tha e stèidhichte air a bhith a’ cur fàilte air daoine airson a’ chiad uair:

- David:** Dè an t-ainm a tha ort?
- Margaret:** 'S mise Mairead, dè do chor?
- Calum:** Is mise Calum, hai a Phòil!
- Paul:** Hallò a Sheumais, dè tha dol?
- James:** Chan eil mòran, tapadh leibh
- Jane:** A Dhòmhnail, Eilidh – sin sibh!
- Anne:** Ciamar a tha sibh? Is mise Anna
- George:** Tapadh leat, chan eil mi dona.
- Alexander:** Mar - sin - leat a Mhàiri
- Mary:** Tìoraidh, Alasdair, an-dràsta.
- Janet:** A Ruairidh, ciamar a tha thu?
- Roderick:** Chan eil gu math, cho tinn ri cù!
- All:** Obh, obh.... obh, obh...

Feuch an rap seo – tha e stèidhichte air na stiùiridhean:

Thuir an tidsear ris a' chlas:
Madainn mhath dhuibh, thigibh a-steach
Dùinibh an doras is suidhibh sìos
Bithibh sàmhach 's èistibh!

Cuir dhìot do sheacaid, leugh an leabhar
Bi modhail, Uilleim, sin gu leòr!
Seadh a Chalaim, dè tha ceàrr?
Am faod mi peansail fhaighinn?

Sgrìobh is èist is bruidhinn is leugh
Tapadh leat is tapadh leibh
Cuir dhìot do sheacaid, sin thu fhèin!
Glè mhath, 's math a rinn thu!

Aodach

(Air fonn: Chan eil mo leannan ann an seo)

Seall an t-aodach orm an-diugh
Sgiorta ghorm, seacaid dhubh
Seall an t-aodach orm an-diugh
Tha mi a' coimhead spaideil!

Seall an t-aodach orm an-dràst'
Geansaidh uaine, còta glas
Seall an t-aodach orm an-dràst'
Tha mi a' coimhead spaideil!

Seall an t-aodach orm san sgoil
Briogais dhubh is lèine gheal
Seall an t-aodach orm san sgoil
Tha mi a' coimhead spaideil!

Cuir ort miotagan is sgarf
Siuthad – tha sinn 'dol a-mach
Cuir ort miotagan is sgarf
Tha sinn a' coimhead spaideil!

'S a io alo a laididh um
'S a io alo a laididh um
'S a io alo a laididh um
Tha mi a' coimhead spaideil!